

curraicealam airson sàr-mhathais:
gàidhlig (Iuchd-ionnsachaidh)
prionnsapalan agus cleachdadh

www.gaidhlig.ltscotland.org.uk



Gàidhlig (Iuchd-ionnsachaidh) Prionnsapalan agus cleachdadh

Dè na comasan a bheir Gàidhlig ionnsachadh do chlann agus do dhaoine òga?

Tha ionnsachadh na Gàidhlig mar chànan a bharrachd a' cur ri foghlam farsaing agus ri eòlas beatha an Iuchd-ionnsachaidh.

Tha cànan aig teis-meadhan ar smaoinichaidh agus ar n-ionnsachaidh. Tha nàdar eadar-cheangailte ionnsachadh cànan aig cridhe eòlasan agus builean Iuchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an *Curraicealam airson Sàr-mhathais*:

Nuair a thòisicheas iad ag ionnsachadh cànan eile, feumaidh clann agus daoine òga ceanglaichean a dhèanamh ris na sgilean agus am fiosrachadh a thog iad mar-thà nan cànan fhèin. Airson cuideachadh le seo, is urrainn do Iuchd-teagaisg feum a dhèanamh den fharsaingeachd chànanan a dh'fhaodadh clann agus daoine òga a bhith a' toirt dhan sgoil.

Togail a' Churraicealam 1

Nuair a thòisicheas clann ag ionnsachadh Gàidhlig, bidh iad air cànan(an) na dachaigh a thogail agus bidh iad air tòiseachadh ag ionnsachadh mun Bheurla ann an co-theacs na sgoile. Bidh Iuchd-teagaisg bun-sgoile agus àrd-sgoile a' toirt taic dhan chloinn agus do dhaoine òga ann a bhith a' beachdachadh air na tha iad air ionnsachadh mar-thà ann am Beurla agus ann an cànanan eile san dachaigh no sa choimhearsnachd agus mar a chuidicheas seo iad gus Gàidhlig ionnsachadh. Chì Iuchd-ionnsachaidh cuideachd na ceanglaichean eadar Gàidhlig agus Beurla, mar eisimpleir tro ainmean-àite.

Tha ionnsachadh na Gàidhlig a' toirt comas do Iuchd-ionnsachaidh eòlas nas fheàrr a chur air cànan, cultar agus dualchas na Gàidhlig. Bidh clann agus daoine òga a' faighinn tlachd às a' Ghàidhlig mar chànan beò aig a bheil cultar agus dualchas beairteach. Cleachdaidh Iuchd-teagaisg am frèam eòlasan agus builean airson a' chlann agus na daoine òga a dhèanamh mothachail air na tha sònraichte, beothail agus luachmhor ann an cultar agus dualchas na Gàidhlig.

Mar a bhios clann agus daoine òga a' cleachdadh na Gàidhlig ann an suidheachaidhean a tha fìor agus a' buntainn rim beatha, chì iad adhbhar airson cànan ionnsachadh agus bidh iad a' toirt air adhart sgilean a dh'fhaodas iad a chleachdadh agus às am faod iad tlachd fhaighinn tron obair agus an cur-seachadan fad am beatha.

Ciamar a tha frèam na Gàidhlig air a chur ri chèile?

Tha mìneachadh air a thoirt air eòlasan agus builean Gàidhlig (Iuchd-ionnsachaidh) bhon ìre thràth chun na ceathramh ìre. Tha iad a' comharrachadh ìrean comais iomchaidh aig gach ìre ach chan eil iad a' cur bacadh air adhartas os cionn sin. Tha an raon eòlasan anns an fhrèam a' toirt taic do adhartas aig diofar astair.

Bidh eòlas a tha aig Iuchd-ionnsachaidh air a' Ghàidhlig ro-laimh a' gabhail a-steach raon farsaing, bho fheadhainn as urrainn Gàidhlig a bhruidhinn gu h-iomchaidh ann an co-theacsan àraidh gu feadhainn gun Ghàidhlig idir. Bidh cuid den chloinn a' tòiseachadh ag ionnsachadh Gàidhlig bho na tràth-bhliadhnaichean sa bhun-sgoil agus feadhainn eile a' tòiseachadh aig deireadh na bun-sgoile no aig toiseach na h-àrd-sgoile. Tha am frèam a' tairgsinn shlighean iomchaidh don Iuchd-ionnsachaidh uile. Gabhaidh am frèam seo a chleachdadh còmhla ris an fhrèam litearrachd is Gàidhlig, mar a bhios iomchaidh.

Tha na h-eòlasan agus builean ann an Gàidhlig a' cleachdadh nan aon chinn 's a tha ann an litearrachd is Gàidhlig, litearrachd is Beurla agus nuadh-chànanan. Is iad na trì cinn:

- èisteachd agus labhairt
- leughadh
- sgrìobhadh.

Bidh an co-chothromachadh eadar leughadh, sgrìobhadh agus labhairt is èisteachd eadar-dhealaichte aig na diofar ìrean. Bidh Iuchd-teagaisg a' planadh teagasg is ionnsachadh a tha a' toirt nan cinn sin còmhla. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh Iuchd-ionnsachaidh a bhith an sàs ann an labhairt airson ullachadh gus teacs a leughadh air nach eil iad eòlach, ann an obair leughaidh airson fiosrachadh fhaighinn airson a thaisbeanadh, no ann an obair labhairt airson sgrìobhadh ullachadh.

Tha eòlasan agus builean anns gach roinn air am briseadh sìos airson sgilean a tha coltach ri chèile a thoirt còmhla. Cleachdaidh luchd-teagaisg na loidhnichean leasachaidh sin airson gach sgil a thoirt air adhart aig na diofar ìrean agus airson sùil a chumail air adhartas sgoilearan. Tha an ìre coileanaidh aig a' cheathramh ìre air a dealbh airson a bhith faisg air an ìre co-cheangailte ri ìre 4 aig SCQF.

Ciamar a tha am frèam Gàidhlig (luchd-ionnsachaidh) a' cur taic ri teagasg is ri ionnsachadh èifeachdach?

Tha an structar a' cuideachadh luchd-teagaisg agus luchd-ionnsachaidh gu bhith a' fàs mothachail air:

- an ceangal eadar ionnsachadh na Gàidhlig agus na ceithir comasan ann an *Curraicealam airson Sàr-mhathais*
- gum feumar a bhith brosnachail mu ionnsachadh cànan airson dèanamh cinnteach gun glèidh sgoilearan an ùidh a bha aca ann bho thùs
- gu bheil e cudromach sgilean ionnsachaidh a thogail a chumas taic ri ionnsachadh chànanan fad am beatha
- cleachdadh ICT mar inneal ionnsachaidh is teagasg èifeachdach airson ceanglaichean a dhèanamh ri luchd-bruidhne na Gàidhlig.

Bidh luchd-teagaisg a' cleachdadh an fhrèam eòlasan agus bhuilean airson suidheachaidhean ionnsachaidh a chur air dòigh a tha feumail, taitneach, rianail agus soirbheachail agus a bhrosnaicheas clann agus daoine òga gu bhith:

- a' fàs mothachail air na sgilean a dh'fheumas iad airson gum bi iad math air ionnsachadh chànanan
- mothachail air an taobh chultarach is shòisealta de chultar, dualchas agus traidisean na Gàidhlig
- fiosrachail mu structar agus ghnàthasan-cainnte na Gàidhlig gus an urrainn dhaibh dèanamh cinnteach gu bheil an cànan ceart agus gus an urrainn dhaibh cànan ùr a chruthachadh
- comasach air conaltradh ann an suidheachaidhean fìor aig a bheil buntanas ri am beatha làitheil.

Bu chòir do na ceithir eileamaidean a bhith rim faighinn anns an ionnsachadh aig a h-uile ìre, ach atharraichidh an luchd-teagaisg an co-chothromachadh eatarra airson freagairt air feuman luchd-ionnsachaidh aig na diofar ìrean.

Dè na seòrsachan dhòighean ionnsachaidh is teagasg a bu chòir a chleachdadh?

Bidh luchd-teagaisg a' tarraing air raon farsaing agus mheasgaichte de dhòighean-obrach, a' gabhail a-steach:

- ionnsachadh gnìomhach agus cluich a tha air a phlanadh agus brìoghmhor
- leasachadh air sgilean freagairt cheistean
- co-theacsan agus suidheachaidhean iomchaidh air a bheil clann agus daoine òga eòlach
- a bhith a' fighe ICT a-steach anns gach pàirt de ionnsachadh agus teagasg
- togail air prionnsapalan Measadh airson Ionnsachadh
- smaoinichadh agus ionnsachadh co-obrachail agus neo-eisimeileach
- toirt tuigse dhan chloinn agus do dhaoine òga mu mar a thog iad is a thug iad air adhart an ciad chànan agus am buntanas a tha aig a seo ri mar a tha iad ag ionnsachadh na Gàidhlig.

Bidh luchd-teagaisg a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig gu bhith a' faighinn gu leòr misneachd airson an cuid Gàidhlig a chleachdadh. Bheir iad cothroman dhan chloinn agus do dhaoine òga a bhith a' cluinntinn, a' bruidhinn, a' leughadh agus a' sgrìobhadh ann an Gàidhlig ann an diofar shuidheachaidhean, fhad 's a tha iad ag obair air raon de theacsaichean. Airson misneachd agus adhartas luchd-ionnsachaidh a chumail suas, bheir luchd-teagaisg dhaibh cothroman an cànan ùr a chleachdadh còmhla ri fileantaich Ghàidhlig agus còmhla ri luchd-ionnsachaidh Ghàidhlig eile.

Mar a bhios luchd-teagaisg a' cleachdadh nan eòlasan agus builean airson ionnsachadh a phlanadh, bidh an dòighean teagasg:

- a' stèidheachadh bunait làidir ro dheireadh bun-sgoile airson ionnsachadh chànanan fad-beatha a bhrosnaicheas daoine òga gus cànanan eile ionnsachadh às dèidh seo ma bhios iad air a shon
- a' cur ri an tlachd tro gheamannan, sgeulachdan, dàin, òrain agus gnìomhan beothail eile agus tro bhith a' faighinn eòlas mu bheatha agus cultar dhùthchannan far a bheil Gàidhlig air a bruidhinn

- a' dèanamh cinnteach à gluasad rèidh, ceum air cheum, o P7 gu ÀS1, le eòlas àrd-sgoile a' togail air ionnsachadh agus dòighean ionnsachaidh is teagaisg a thàinig roimhe sin.

Ciamar a tha adhartas a' faighinn taic tro, agus thar, ìrean?

Aig an ìre thràth agus a' chiad ìre, bidh luchd-teagaisg a' togail air mar a tha clann gu nàdarra ag iarraidh, agus a' faighinn tlachd à bhith a' feuchainn a-mach fhuaimean is fhacail, agus a bhith a' dèiligeadh ri daoine eile. Tha na h-eòlasan agus builean aig na h-ìrean sin air an dealbh le sin anns an amharc.

A chionn 's gu bheil leasachadh sgilean èisteachd is labhairt nam bunait airson leasachadh sgilean leughaidh is sgrìobhadh, tha iad air an cur an lùib a chèile anns na h-eòlasan agus builean aig an ìre thràth agus tha an aon fheadhainn a' nochdadh ann an èisteachd is labhairt, leughadh is sgrìobhadh.

Anns na tràth-bhliadhnaichean sa bhun-sgoil, tha clann a' cumail ag ionnsachadh sgilean bunaiteach nan ciad chànan, rud a bhios feumail dhaibh nuair a tha iad ag ionnsachadh cànan eile. Nam measg sin, tha a bhith a' gabhail pàirt ann an còmhradh agus ag ionnsachadh sgilean leughaidh, sgilean èisteachd agus fiosrachadh mu chànan. Bidh luchd-teagaisg a' dèanamh cinnteach gum bi luchd-ionnsachaidh a' gabhail pàirt ann an gnìomhan feumail, tlachdmhor. Bidh iad, mar eisimpleir, a' cluich gheamannan no a' seinn òrain agus a' cleachdadh sgilean cànan a tha a' sìor fhàs ann an obair làitheil na sgoile. Bidh an cuideam aig an ìre seo air a bhith a' feuchainn a-mach agus a' faighinn tlachd às a' chànan ùr agus a bhith a' fàs misneachail.

Anns an fhrèam Ghàidhlig bidh sgoilearan a' sealltainn adhartas mar a bhios iad a' gluasad tro na h-ìrean, a thaobh:

- fàs nas neo-eisimeiliche le nas lugha feum air taic, a' gabhail a-steach taic cho-aoisean no luchd-teagaisg agus taic bho liostaichean fhacal, fhacairean agus fhrèaman sgrìobhadh
- teacsaichean agus gnìomhan èisteachd agus leughaidh a tha nas fhaide agus nach eil cho sìmplidh
- freagairtean ann an labhairt agus sgrìobhadh a tha nas fhaide, le nas lugha mhearachdan agus nach eil cho sìmplidh
- raointean ùra cànan a thaobh susbaint agus cleachdaidh
- barrachd tuigse air riaghailtean cànan, a' gabhail a-steach eòlas mu chànan
- barrachd misneachd gus conaltradh a thòiseachadh agus a chumail suas.

Aig a h-uile ìre, tha farsaingeachd nan eòlasan agus builean a' dèanamh cinnteach gun toir an luchd-ionnsachaidh an sgilean air adhart, le doimhneachd a tha a' sìor fhàs thar raon shuidheachaidhean. Bidh luchd-teagaisg a' planadh fa chomhair feuman gach neach, ag aithneachadh gum faod ionnsachadh ann an cànan ùr a bhith a' cur feum air taic a bharrachd aig diofar amannan.

Cò ris a tha measadh ann an Gàidhlig (luchd-ionnsachaidh) coltach?

Bidh measadh a' cuimseachadh air sgilean chloinne agus dhaoine òga ann an èisteachd is labhairt, leughadh is sgrìobhadh. Bidh luchd-teagaisg a' faighinn dearbhadh air adhartas mar phàirt de dh'ionnsachadh chloinne agus dhaoine òga bho latha gu latha. Bidh iad a' toirt an aire do fhreagairtean chloinne agus dhaoine òga nuair a tha iad a' dol an sàs ann an còmhradh no sgrìobhadh còmhla ri co-aoisean agus inbich agus a' planadh agus a' faighinn a-mach mu dhaoine, beatha làitheil agus àiteachan far a bheil Gàidhlig air a bruidhinn, agus tro bhruidhinn, sgrìobhadh agus thaisbeanaidhean, a' cleachdadh ICT mar a bhios iomchaidh. Bidh gnìomhan measaidh sònraichte feumail o àm gu àm airson adhartas a shealltainn.

Bu chòir do dhòighean measaidh a bhith a' comharrachadh na h-ìre gun urrainn clann agus daoine òga an sgilean a chleachdadh nan ionnsachadh agus nam beatha làitheil agus ann an ullachadh airson saoghal obrach. Mar eisimpleir:

- Dè cho comasach 's a tha iad air conaltradh ann an dòigh a tha a' nochdadh barrachd misneachd agus fileantachd agus nas lugha mhearachdan?
- Dè an ìre gu bheil iad a' cur eòlas air, agus a' faighinn tlachd à bàrdachd, òrain agus sgeulachdan Gàidhlig de dhiofar seòrsaichean agus nach eil cho sìmplidh?
- Dè an ìre gu bheil iad a' cur ri am briathrachas agus an tuigse mu structaran agus riaghailtean cànan, gan cleachdadh gu ceart ann an suidheachaidhean air a bheil iad eòlach agus ann an suidheachaidhean fìor a tha ùr dhaibh?

Bidh luchd-teagaisg cuideachd a' toirt an aire don adhartas a tha luchd-ionnsachaidh a' dèanamh a thaobh a bhith a' cur an sgilean an sàs nan ionnsachadh thar a' churraicealaim agus ann an gnìomhan cultarach.

Bu chòir do mheasadh a bhith a' dèanamh ceangal ri roinnean eile den churraicealam taobh a-staigh agus taobh a-muigh na sgoile, a' toirt chothroman dhan chloinn agus do dhaoine òga an eòlas agus an sgilean ann an Gàidhlig, a tha a' sìor fhàs, a shealltainn ann an raon farsaing de shuidheachaidhean. Seallaidh am freagairtean an ùidh agus an deagh rùn a tha aca do ionnsachadh na Gàidhlig agus mar a tha am mothachadh air cultar Gàidhlig a' fàs. Tha measadh agus brosnachadh nan rudan sin agus cho deònach 's a tha iad Gàidhlig a chleachdadh sa chòrr den churraicealam agus taobh a-muigh na sgoile nan comharran air cho soirbheachail 's a bhios iad, san t-sealladh fhada, mar luchd-ionnsachaidh Gàidhlig.

Dè na ceanglaichean a dh'fhaodar a dhèanamh thar a' churraicealaim?

Tha ionnsachadh na Gàidhlig aig teis-meadhan leasachadh sgilean litearrachd. Faodaidh e taic a chur ri sgilean àireamhachd tro ionnsachadh agus tro rannsachadh ann an cleachdadh shiostaman cunntaidh, mar eisimpleir. Tha e a' toirt chothroman math airson obair eadar-chuspaireil, tro bhith a' cur dreach làidir cultarach air diofar roinnean den churraicealam, mar ionnsachadh sòisealta no ealain chruthachail. Tha dèanamh cheanglaichean eadar diofar roinnean ionnsachaidh, agus a' cur air adhart gnìomhan ionnsachaidh a' buntainn ri saoghal an luchd-ionnsachaidh, cudromach ann a bhith a' brosnachadh ar daoine òga gus Gàidhlig ionnsachadh agus an ùidh innte a chumail suas.

Dè thathar a' ciallachadh le 'teacsaichean'?

Feumaidh 'teacsaichean' a bhith air am mìneachadh ann an seadh farsaing a dh'obraicheas cuideachd anns an àm ri teachd. Mar sin, an taobh a-staigh *Curraicealam airson Sàr-mhathais*:

's e meadhan a tha ann an teacsa trom faodar smuaintean, eòlasan, beachdan agus fiosrachadh a chur an cèill.

Tha àite cudromach aig leughadh agus litreachas agus teacsaichean eile aig teis-meadhan leasachadh eòlas agus tuigse luchd-ionnsachaidh. Tha teacsaichean a' gabhail a-steach an dà chuid foillseachadh san dòigh sgrìobhte no chlà-bhuailte àbhaisteach ach cuideachd riochdan labhairteach, eileagtronaigeach no air film. Faodaidh teacsaichean a bhith ann an cruth leantainneach, a' gabhail a-steach rosg foirmeil traidiseanta, no ann an cruth neo-leantainneach, mar chlàran no grafaichean. Tha am frèam litearrachd is Gàidhlig a' gabhail a-steach gum bi barrachd feum air a dhèanamh de theacsaichean iomadh-mheadhanach, conaltradh didseatach, lìonraidhean sòisealta agus na cruthan eile de chonaltradh eileagtronaigeach ris am bi clann agus daoine òga a' tachairt nam beatha làitheil. Tha e a' gabhail a-steach gu bheil na sgilean a dh'fheumas clann agus daoine òga airson na teacsaichean sin a leughadh eadar-dhealaichte bho na sgilean air a bheil feum aca airson rosg leantainneach a leughadh. Tha eisimpleirean gu h-ìosal.

Eisimpleirean de theacsaichean
nobhailean, sgeulachdan-goireid, deilbh-chluich, bàrdachd teacsaichean fiosrachaidh earrannan labhairt clàran, mapaichean, grafaichean agus clàran-ama sanasan, bileagan sanasachd pàipearan chloinne, pàipearan-naidheachd agus irisean cunntais-beatha, litrichean agus puist-dealain filmichean, geamannan agus prògraman TBh bileagan, soidhnichean agus postairean reasabaidhean, leabhraichean làimhe agus stiùireadh aithisgean agus lèirmheasan teachdaireachd teacsa, blogaichean is làraich lìonraidh shòisealta duilleagan eadar-lìn, catalogan agus leabhraichean-seòlaidh

Ann am planadh airson ionnsachadh ann an raon curraicealaim sam bith, tha e cudromach gun dèan luchd-cleachdaidh cinnteach gum bi clann agus daoine òga a' tighinn tarsainn air raon farsaing de sheòrsaichean teacsa eadar-dhealaichte ann an diofar mheadhanan. Mar a bhios iad a' tighinn air adhart nan ionnsachadh, thig clann agus daoine òga tarsainn air teacsaichean a bhios a' sìor-fhàs iomadh-fhillte a thaobh fad, structar, briathrachas, beachd-smuaintean agus bun-bheachdan.